



Tràth-lonnsachadh is Cùram-Chloinne

**Fiosrachadh Clàrachaidh
do Phàrantan is Luchd-Cùraim**

**Suidheachaidhean Tràth-
lonnsachaidh is Cùraim-Chloinne,
Ionadan Com-pàirteach is
Freiceadain-Chloinne
Coimiseanaichte
Chomhairle na Gàidhealtachd**

Seisean Acadaimigeach 2025–26

Cò a gheibh Tràth-Ionnsachadh is Cùram-Chloinne Maoinichte?

Tha an ion-roghnachd airson làn-chòir air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TICC) maoinichte a' leantainn nan aon bhannan co-là-breith ri inntrigeadh sgoile i.e., bho 1 Màrt gu deireadh a' Ghearrain ann am bliadhna sam bith. Airson 2025/2026 's iad na cinn-latha ion-roghnachd airson àiteachan maoinichte do chloinn aois 3 agus 4 bliadhna:

Ion-roghnachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Maoinichte	Clann 'Aois Trì Bliadhna' Co-làithean-breith Ion-roghnach	Clann 'Aois Ceithir Bliadhna' Co-làithean-breith Ion-roghnach
19 Lùnastal 2025	01/03/2022 – 31/08/2022	01/03/2021 – 28/02/2022
7 Faoilleach 2026	01/09/2022 – 31/12/2022	
20 Giblean 2026	01/01/2023 – 28/02/2023	

Math dh'fhaodte gun urrainn do chuid de shuidheachaidhean àite ann an TICC a thoirt seachad cho luath 's a ruigeas am pàiste an treas co-là-breith. Ach, feumaidh am pàrant pàigheadh gus am bi am pàiste ion-roghnach air an àite/làn-chòir mhaoinichte (faic shuas). 'S e a' chosgais an-dràsta £5.05 airson gach uair a thìde slàn ann an suidheachaidhean ùghdarrais ionadail ach math dh'fhaodte gun atharraich seo.

Clann ion-roghnach aois 2 bhliadhna – i.e., faodaidh iadsan bho dhachannan a tha a' faighinn sochairean àraid*, clann a tha air an coimhead às an dèidh no fo ùmhlachd òrdugh cùraim-dhàimh no òrdugh neach-cùraim, an t-àite maoinichte aca a ghabhail aig ionad com-pàirteach no freiceadan-cloinne. Tha grunn shuidheachaidhean TICC ùghdarrais ionadail cuideachd a' gabhail clann aois dà bhliadhna a tha maoinichte (cuiribh fios chun an t-suidheachaidh airson tuilleadh fiosrachaidh). Is urrainn do shuidheachaidhean TICC eile clann aois 2 bhliadhna le maoineachadh a ghabhail cho luath 's a ruigeas iad an **treas co-là-breith**. Cuiribh fios chun na Sgioba TICC ionadail agaibh airson tuilleadh fiosrachaidh no gus foirm iarrtais iarraidh: -

*Gheibhear fiosrachadh mu shochairean is faodar iarrtas a chur a-steach aig [Faidhlichean agus stiùireadh airson clàrachadh san sgoil | Foirm iarrtais airson Maoineachadh do Chloinn Aois 2 Bhliadhna \(highland.gov.uk\)](#)

Ceann a Deas na Gàidhealtachd	elc-south@highland.gov.uk
Taobh an Iar na Gàidhealtachd	elc-west@highland.gov.uk
Meadhan na Gàidhealtachd	elc-mid@highland.gov.uk
Ceann a Tuath na Gàidhealtachd	elc-north@highland.gov.uk

Bidh an làn-chòir air uairean airson 2025–26 a' ruith bho 19 Lùnastal 2025 gu 2 Iuchar 2026 airson ùine na teirme no 1 Lùnastal 2025 gu 31 Iuchar 2026 airson solaran na bliadhna iomlain.

Dè an làn-chòir mhaoinichte a th' ann do chloinn aois 3 agus 4?

Ion-roghnachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Maoinichte	Clann 'Aois Trì Bliadhna' Co-làithean-breith Ion-roghnach	Clann 'Aois Ceithir Bliadhna' Co-làithean-breith Ion-roghnach	Làn-chòir air Àireamh Uairean a Thide 2025–26
19 Lùnastal 2025	01/03/22 – 31/08/22	01/03/21 – 28/02/22	1140
7 Faoilleach 2026	01/09/22 – 31/12/22		666
20 Giblean 2026	01/01/23 – 28/02/23		312

- Airson suidheachadh sam bith chan fhaodar barrachd air 30 uairean a thìde maoinichte a ghabhail ann an seachdain sam bith. An-dràsta, chan fhaodar barrachd air 10 uairean a thìde maoinichte a ghabhail ann an seisean.
- Faodar uairean a bharrachd (thairis air làn-chòir) a ghabhail ach feumar pàigheadh air an son.
- Ma tha ur pàiste a' cleachdadh nan uairean as motha ann an seachdain (30) ann an suidheachadh TICC tron teirm, bidh seo co-ionnan ri làn-chòir iomlan, agus cha bhi uairean maoinichte air fhàgail airson amannan saor-làithean.
- Mar a chithear air an Fhoirm Chlàrachaidh, ma tha sibh airson làn-chòir ur pàiste a roinn eadar suidheachaidhean feumar seo innse aig an toiseach seach nach bi e comasach dhuinn an suidheachadh eile a mhaoineachadh ma tha sibh air ur làn-chòir a chleachdadh ann an suidheachadh TICC.
- **Ma tha sibh a' smaoineachadh air an làn-chòir agaibh a roinn eadar dà shuidheachadh, bu chòir dhuibh fios a chur gu sgioba nan Tràth-bhliadhnaichean agaibh agus cuiridh Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd fios thugaibh gus bruidhinn mu dheidhinn.**

Modhan Clàrachaidh

Bidh an t-Seachdain Chlàrachaidh airson 2025–26 a' gabhail àite san t-seachdain a' tòiseachadh 10 Gearran 2025.

Gus clàrachadh airson àite ann an sgoil www.highland.gov.uk/enrol, solaraiche com-pàirteach no freiceadan-cloinne TICC ([Dè th' ann an TICC agus a bheil e freagarrach dhuinne?](#) | [Clàraichibh ur pàiste airson TICC](#) | [Comhairle na Gàidhealtachd](#)) bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach air-loidhne air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.

Lorgaidh sibh com-pàirtichean TICC air a' mhapa eadar-obrachail againn air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd: ([Eòlas - Solaraichean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne sa Ghàidhealtachd](#))

Modhan Inntrigidh

- Feumaidh clann uile clàrachadh airson an àite **thùsail** TICC aca aig an t-suidheachadh TICC as fheàrr leotha. Ma tha ur pàiste air a bhith an làthair mar phàiste maoinichte aois

dà bhliadhna feumaidh sibh fhathast clàrachadh airson àite maoinichte aois trì bliadhna. Ma tha sibh airson clàrachadh aig ionad TICC ùghdarrais ionadail, thathar a' moladh gun clàraich sibh aig sgoil na sgìre-sgoile agaibh.

- Ma tha sibh airson 's gum fuirich ur pàiste aig an aon ionad TICC airson an solair ceithir bliadhna a dh'aois, chan fheum sibh ach seo innse gu dìreach dhan ionad TICC. Ach, airson sgoiltean le cuibhreachadh àireamhan – ma tha sibh air gluasad a-mach às an sgìre-sgoile chan urrainnear barantas a thoirt seachad air àite gus an tèid dèiligeadh ris na clàrachaidhean eile air fad.
- Ma tha sibh airson 's gum fuirich ur pàiste leis an aon solaraiche com-pàirteach aig ceithir bliadhna a dh'aois bu chòir dhuibh seo innse dhaibh agus foirm R1 a lìonadh.
- **Feumar teisteanas breith no dearbhadh breith oifigeil eile a sgrùdadh aig àm clàrachaidh. Seach gu bheil a' clàrachadh air-loidhne airson ionad TICC sam bith, feumar seo a sganadh a-steach aig àm tagraidh.**
- Bu chòir do phàrantan clàrachadh tron t-seachdain chlàrachaidh. Ach, faodar gabhail ri clàrachaidhean tron bhliadhna ma tha àiteachan fhathast rim faotainn.
- Thoiribh an aire nach eil clàrachadh a' toirt barantas dhuibh air àite san t-suidheachadh as fheàrr leibh, no barantas air na h-uairean/làithean as fheàrr leibh. Thèid an t-àite, na làithean is na h-uairean agaibh a dhearbhadh cho luath 's a ghabhas às dèidh clàrachadh.
- ***Thoiribh an aire, ma tha sibh a' clàrachadh aig suidheachadh/ suidheachaidhean a tha clàraichte airson clann aois 3+, agus ma tha co-là-breith ur pàiste eadar 1 Lùnastal agus 31 Lùnastal, chan fhaod iad a bhith an làthair gu às dèidh an 3mh co-là-breith.***

Poileasaidh Inntrigidh airson Suidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-Chloinne Sgoile

Tha prìomhachas air a thoirt do chloinn a tha a' fuireach taobh a-staigh na sgìre-sgoile agus cuideachd do chloinn sam bith a tha air am measadh mar 'le feumalachd' mar a tha air a mhìneachadh ann an Achd na Cloinne (Alba) 1995. Às dèidh àiteachan a riarachadh do chloinn mar a thathar a' mìneachadh shuas, ma tha àiteachan fhathast ann, faodar na h-àiteachan sin a thabhann do chloinn taobh a-muigh na sgìre-sgoile a rèir nan slatan-tomhais a leanas ann an òrdugh prìomhachais do:

1. clann aois ceithir bliadhna le peathraichean no bràithrean a' dol dhan sgoil sin
2. clann aois trì bliadhna le peathraichean no bràithrean a' dol dhan sgoil sin
3. clann aois ceithir bliadhna
4. clann aois trì bliadhna

Iarrtasan clàrachaidh taobh a-muigh Sgìre-sgoile

Ma chlàraicheas sibh ur pàiste ann an suidheachadh TICC ùghdarrais ionadail taobh a-muigh na sgìre-sgoile agaibh, chan eil barantas sam bith ann gum faighear bliadhna eile san t-suidheachadh TICC sin no gum faigh ur pàiste àite bun-sgoile san sgoil sin. Feumaidh sibh iarrtas àite-sgoile a dhèanamh aig an àm a tha ur pàiste gus clàrachadh airson Clas 1. **Chan eil làthaireachd san t-suidheachadh TICC a' toirt barantas air àite ann an Clas 1.**

Chan eil feum air iarrtas àite do phàiste aois TICC.

Inntrigeadh Dàilichte gu Clas 1 i.e. bliadhna a bharrachd ann an suidheachadh TICC

Ann an 2020, dh'atharraich an stiùireadh a thaobh inntrigeadh dàilichte sa Ghàidhealtachd. 'S e an stiùireadh làithreach do phàrantan:

Ma tha co-là-breith ur pàiste a' tuiteam eadar 19 Lùnastal 2020 agus deireadh a' Ghearrain 2021 (i.e., fhathast 4 bliadhna a dh'aois air latha tòiseachaidh na sgoile san Lùnastal 2024) tha làn-chòir agaibh dàil a chur ann an inntrigeadh ur pàiste dhan sgoil. Ma tha sibh a' creidsinn nach eil ur pàiste deiseil airson na sgoile, bu chòir dhuibh bruidhinn ri suidheachadh TICC ur pàiste. 'S ann leis a' phàrant a tha an co-dhùnadh mu dheireadh mu inntrigeadh dàilichte. Bidh a' bhliadhna a bharrachd seo làn-mhaoinichte le Comhairle na Gàidhealtachd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh tron cheangal a leanas: [Stiùireadh mu Inntrigeadh Dàilichte agus Inntrigeadh Tràth](#)